

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/7/22

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 1 Sultain 2022

Tiotal Aithisge: Cunntas às Ùr air Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo cunntas às ùr a thoirt do Bhuill thaghte mu bhuileachadh cùrsa Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba (SQA) taobh a-staigh Gàidhlig Luchd-fileanta agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh ann an àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 1.2 Tha an aithisg seo cuideachd a' toirt fios às ùr do Bhuill mun t-suidheachadh a thaobh nam prìomh raointean leasachaidh làithreach is teachdail a chuireas taic ri fàs ann am Foghlam Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd. Bidh seo a' cumail ri prìomhachasan bunaiteach Plana na Gàidhlig 3 agus builean Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
 - i. toirt fa-near do shusbaint a' phàipeir agus toirt fa-near gu bheil leasachadh cudromach an dà chuid ann am buileachadh agus anns na h-àireamhan a tha a' dol air adhart airson deuchainnean Gàidhlig Luchd-fileanta agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6;
 - ii. meal an naidheachd a chur gu foirmeil air na daoine òga, an teaghlaichean agus luchd-obrach na sgoile airson leasachadh cho mòr ann am buileachadh agus anns na h-àireamhan a bha a' dol air adhart airson deuchainnean Gàidhlig Luchd-fileanta SQA sa Ghàidhealtachd san Lùnastal 2022; agus
 - iii. toirt fa-near gun tèid aithisg a thoirt gu Comataidh na Gàidhlig mu adhartas air sgrùdadh comasachd 3-18.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Tha na buaidhean air goireasan taobh a-staigh a' phrìomh bhuidseit làithrich a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Maoin Taic Covid, Bòrd na Gàidhlig, agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).
- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean); Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach; Cunnart – chan eil buaidhean sam bith a’ tighinn am bàrr gu dìreach mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.4 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ neartachadh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ toirt taic do bhith a’ buileachadh Plana na Gàidhlig.

4. **Dàta Coileanadh – Ìre 4–6 Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Luchd-fileanta**

- 4.1 'S e an SQA am buidheann barantachaidh agus teisteanachaidh nàiseanta airson na h-Alba. Tha an SQA ag obair còmhla ri luchd-ionnsachaidh, sgoiltean, colaistean agus solaraichean trèanadh air feadh na h-Alba, an Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha e a’ toirt seachad frèam theisteanasan agus a’ suidheachadh inbhean le bhith a’ toirt seachad dhuaisen is theisteanasan. Tha foir-shealladh de choileanadh 2022 ann am pasaichean A-C, an dà chuid ann an Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Gàidhlig Luchd-fileanta, mar a leanas, a’ gabhail a-steach dàta air deuchainnean roimhe.

Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh

Choilean 36 neach òg ann an ÀS4 pas aig Nàiseanta 4 ann an Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh. Choilean 22 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 12 ann an 2020 agus 9 ann an 2019.

Choilean 50 neach òg pas aig Nàiseanta Ìre 5 ann an Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh. Choilean 50 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 48 ann an 2020 agus 34 ann an 2019.

Choilean 29 neach òg pas aig Àrd-Ìre 6 ann an Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh. Choilean 16 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 13 ann an 2020 agus 16 ann an 2019.

Gàidhlig Luchd-fileanta

Choilean 9 neach òg pas aig Nàiseanta 4 ann an Gàidhlig Luchd-fileanta. Choilean 6 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 3 ann an 2020 agus 3 ann an 2019.

Choilean 44 neach òg pas aig Nàiseanta Ìre 5 ann an Gàidhlig Luchd-fileanta. Choilean 53 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 47 ann an 2020 agus 43 ann an 2019.

Choilean 36 neach òg pas ann an Àrd-Ìre SCQF ann an Gàidhlig Luchd-fileanta. Choilean 29 neach òg seo ann an 2021 an coimeas ri 27 ann an 2020 agus 24 ann an 2019.

- 4.2 Tha graf-fiosrachaidh a tha a’ dèanamh coimeas eadar dàta 2019, 2021 agus 2022 ri fhaotainn ann an **Eàrr-ràdh 1**.
- 4.3 Thathar ag aithneachadh, an dà chuid gu h-ionadail agus gu nàiseanta, gu bheil feum a’ sìor fhàs gus curraicealam a thogail airson roghainnean cuspair FtG an dà chuid ann am Foghlam Farsaing Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde ann an àrd-sgoiltean. Tha seo air prìomhachas fhaighinn san [Dreachd Phlana Nàiseanta](#). Tha Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd a’ cumail chòmhradh a thaobh na taic a tha a dhìth gus an raon seo a leasachadh.

Tha seo na phàirt de dhealbh nàiseanta nas fharsainge a tha a’ cur feum air structar taic ro-innleachdail a neartaicheas an raon chuspairean a dh’fhaodas a bhith air an teagasg ann am FtG an dà chuid ann am Foghlam Farsaing Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde ann an àrd-sgoiltean.

- 4.4 Tha Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis air na tha i a’ tabhann a thaobh na h-Ìre as Àirde a mheudachadh airson 2022/23, a’ toirt a-steach slighe leantainneach a thaobh Eachdraidh. Is

urrainn do dhaoine òga a-nis teisteanas Àrd-Ìre aig SCQF Ìre 6 a dhèanamh ann an Eachdraidh.

Tha Àrd-Sgoil Phort Rìgh cuideachd air na tha i a' tabhann a thaobh FtG a mheudachadh airson 2022/23. Às dèidh Ealain agus Teicneòlas Fiosrachaidh a thoirt a-steach dhan churraicealam, tha Roinn na Gàidhlig cuideachd ag obair còmhla ri Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh Sgioba na Gàidhlig gus goireasan ullachadh airson tuilleadh leasachaidh a thoirt air na thathar a' tabhann aig an ìre as àirde.

5 Cunntas às Ùr mu Sgìrean-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig

5.1 Aig an àm seo, tha a' Chomhairle air sgìrean-sgoile FtG a chruthachadh airson 13 dhen 20 bun-sgoil anns a' Ghàidhealtachd a tha a' tabhann FtG. Chaidh sgìrean-sgoile FtG cuideachd a shuidheachadh airson nan 8 àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte ris na bun-sgoiltean shuas.

5.2 Bun-Sgoil/Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain

Aig coinneamh Comataidh an Fhoghlaim san t-Sultain 2021, dh'aontaich Buill moladh airson co-chomhairle a chumail air sgìre-sgoile FtG a' buntainn ri Bun-Sgoil/Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain. Tha a' cho-chomhairle phoblach a-nis air crìochnachadh. Tha pàipear a' moladh gun tèid sgìre-sgoile FtG ùr a chruthachadh gu bhith air a chur a-steach gu Comataidh an Fhoghlaim air 15 Sultain. Tha an Sgeama Tiomnaidh an uair sin ga chur mar riatanas gun tèid an co-dhùnadh aontachadh aig an làn Chomhairle, a tha gu bhith a' coinneachadh air 22 Sultain. Ma thèid aontachadh, thig an sgìre-sgoile ùr gu buil an uair sin.

Bun-Sgoil a' Phluic, Bun-Sgoil Loch Carrann agus Àrd-Sgoil a' Phluic

Chaidh co-chomhairle mu bhith a' cruthachadh sgìrean-sgoile FtG airson nan sgoiltean shuas aontachadh aig Comataidh an Fhoghlaim air 24 Gearran 2022. Tha a' cho-chomhairle phoblach a-nis air crìochnachadh. Aig àm sgrìobhaidh, tha oifigearan an dùil pàipear a chur a-steach do Chomataidh an Fhoghlaim air 23 Samhain, a' moladh gun tèid an sgìre-sgoile FtG ùr a chruthachadh. Tha an Sgeama Tiomnaidh an uair sin ga chur mar riatanas gun tèid an co-dhùnadh aontachadh aig an làn Chomhairle, a tha gu bhith a' coinneachadh air 8 Dùbhlachd. Ma thèid aontachadh, thig na sgìrean-sgoile ùra gu buil an uair sin.

5.3 Sgìrean-sgoile FtG a tha air Fhàgail

Tha oifigearan air còmhraidhean a chumail le Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant, mu cho-chomhairlean foirmeil airson nan ceithir sgìrean-sgoile FtG bun-sgoile a tha air fhàgail anns a' Ghàidhealtachd agus nach deach a chruthachadh no a mholadh fhathast. Tha iad seo a' buntainn ri Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-Sgoil Bruach na Muilne, Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain, agus Bun-Sgoil Chnoc na Creige/Campus ùr Bhaile Dhubhthaich. Tha feum air co-chomhairle neo-fhoirmeil a bharrachd, le pàrantan agus Buill ionadail, mus urrainnear moladh foirmeil a chur chun na Comataidh. Tha coltas ann gun tèid Pàipear Molaidh singilte a chur air adhart airson Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-Sgoil Bruach na Muilne, agus Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain, seach gum biodh atharrachaidhean sam bith a thaobh sgìrean-sgoile FtG a bhathar a' moladh airson aon dhiubh seo a' toirt buaidh air an fheadhainn eile. Bidh na molaidhean cuideachd a' coimhead air na sgìrean-sgoile FtG airson nan àrd-sgoiltean co-cheangailte.

6 Freagairt Mheasaidh do dh'Iarrtas Phàrant airson Foghlam tron Ghàidhlig (Foghlam Gàidhlig Bun-sgoile) ann an Comhairle na Gàidhealtachd – Bun-Sgoil na Comraich

6.1 Fhuair Comhairle na Gàidhealtachd iarrtas airson measadh air an fheum air Foghlam tron Ghàidhlig anns a' Chomraich. Chaidh an t-iarrtas fhaotainn bhon phrìomh phàrant air 23 Màrt 2022.

Seach gun robh Comhairle na Gàidhealtachd air iarrtas FBtG fhaotainn bho ochdnar phàrant aig Bun-Sgoil na Comraich, tron phrìomh phàrant, chaidh aontachadh gun deigheadh dùilean

fa leth nam pàrant a shireadh ann an sgrìobhadh a thaobh co-dhiù a bhiodh iad airson gabhail ris an iarrtas thùsail airson FBtG aig Bun-Sgoil na Comraich, nan deigheadh seo air adhart bhon Lùnastal 2022.

Tro Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha Riaghaltas na h-Alba air pròiseas a stèidheachadh far an urrainn do phàrantan measadh iarraidh air an fheum air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBtG) bhon ùghdarras foghlaim aca, an t-ùghdarras ionadail a tha a' solarachadh foghlam sgoile san sgìre sa bheil iad a' fuireach.

6.2 Measadh Tùsail

Sgrìobh Comhairle na Gàidhealtachd gu pàrantan agus luchd-obrach uile ann am Bun-Sgoil na Comraich airson innse dhaibh mu thoradh a' mheasaidh thùsail air 18 Cèitean 2022.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd, mar phàirt dhen Mheasadh Thùsail, a-nis air measadh a dhèanamh air an fheum air FBtG a rèir an stiùiridh ann an [Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig](#). Tha an Stiùireadh a' mìneachadh nan ceumannan a dh'fheumas ùghdarrasan a ghabhail gus measadh a dhèanamh air iarrtas an dèidh dhaibh iarrtas fhaotainn airson FtG.

Far a bheil ùghdarras foghlaim sam bith dhen bheachd gu bheil feum, math dh'fhaodte, air FBtG ann an sgìre mheasaidh FBtG, tha dà roghainn aige. Faodaidh e:

- làn-mheasadh a ghabhail os làimh a thaobh co-dhiù a tha feum air FBtG anns an sgìre mheasaidh FBtG; no
- gun a bhith a' gabhail làn-mheasadh os làimh, a chuid ùghdarras a chleachdadh gus ceumannan a ghabhail mar a tha riatanach, gus dèanamh cinnteach à solar FBtG mar a tha e a' meas freagarrach san sgìre mheasaidh FBtG.

Mar fhreagairt dhan phròiseas, cho-dhùin Comhairle na Gàidhealtachd gum bu chòir na h-ath ceumannan a ghabhail gus 'solar FBtG a dhèanamh tèarainte' mar thoradh air a' Mheasadh Thùsail. Mar sin, a' cur an gnìomh a chuid ùghdarras gus ceumannan a ghabhail mar a tha riatanach, gus dèanamh cinnteach à solar FBtG a leithid sin, gun a bhith a' gabhail làn-mheasadh os làimh.

6.3 Nuair a tha ùghdarras foghlaim a' faighinn iarrtas phàrant a tha air a dhèanamh fo Achd 2016, feumaidh e an sgìre chruinn-eòlasach dham bi am measadh a thaobh feum air FBtG ainmeachadh, agus canar 'sgìre mheasaidh FBtG' ris an sgìre.

'S e an sgìre mheasaidh FBtG a chaidh ainmeachadh an seo, an sgìre-sgoile a tha Bun-Sgoil na Comraich a' còmhach. 'S iad na h-adhbharan airson seo:

- Tha sgìre-sgoile na Comraich a' laighe ri crìoch dà sgoil eile a-mhàin: Bun-Sgoil Loch Carrann agus Bun-Sgoil Sildeig.
- Tha a' Chomhairle mar-thà a' tabhann FtG aig Bun-Sgoil Loch Carrann.
- Tha Bun-Sgoil Sildeig na pàirt de Bhuidheann Sgoiltean Co-cheangailte Gheàrrloch, agus tha Bun-Sgoil na Comraich na pàirt de Bhuidheann Sgoiltean Co-cheangailte a' Phluic. Nan deigheadh Bun-Sgoil Sildeig a ghabhail a-steach ann am measadh FBtG airson na Comraich, bhiodh sin a' toirt beachd gum biodh clann air an gluasad gu Àrd-Sgoil a' Phluic an àite Àrd-Sgoil Gheàrrloch, agus bhiodh seo a' lùghdachadh co-thàthadh coimhearsnachd ann an Sildeag.
- 'S e an t-astar/ùine bho Bhun-Sgoil Sildeig gu Bun-Sgoil na Comraich 22 mìle/50 mionaid air aon-slighe.

6.4 Is urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd dearbhadh gun deach dreuchd airson tidsear bun-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig ann am Bun-Sgoil na Comraich a shanasachadh

airson cuideachadh gus an solar FBtG a stèidheachadh. Cha robh am fastadh soirbheachail agus thathar a' dèanamh dàrna oidhirp gus neach fhastadh. Chan urrainnear atharrachaidhean sam bith a dhèanamh do sholar san sgoil gus an tèid tidsear a chur an dreuchd.

7 Sgrùdadh Comasachd 3–18

- 7.1 Tha Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis air a bhith fìor soirbheachail agus chaidh a leudachadh dà thuras mar-thà on a chaidh a togail ann an 2007. B' i a' chiad bun-sgoil FtG ann an Alba a thogadh a dh'aon-ghnothach agus a bha a' seasamh leatha fhèin. Tha àireamhan nan sgoilear air àrdachadh chun na h-ìre is gu bheil a' dèanamh sgrùdadh comasachd air Campus FtG 3-18 ann an Inbhir Nis.
- 7.2 Tha ro-mheasaidhean agus anailis a thaobh clàran sgoile agus meud-comais a tha Comhairle na Gàidhealtachd air a ghabhail os làimh air sealltainn gu bheil cuideaman susbainteach ag èirigh thar oighreachd na sgoile air fad, an dà chuid a thaobh solar bun-sgoile is àrd-sgoile, agus gu h-àraid a thaobh meud-comais bun-sgoile ann an Inbhir Nis.
- 7.3 Ged a tha àireamhan sgoilearan bun-sgoile ann am FtG air a bhith a' dol an àird, chan urrainnear an aon rud a ràdh a thaobh FtG àrd-sgoile. Tha an aon suidheachadh ri fhaicinn gu nàiseanta agus àireamhan nan sgoilear a tha a' dol air adhart bho FtG bun-sgoile gu FtG àrd-sgoile a' tuiteam gu susbainteach. Tha grunn nithean air cùl seo: cion ghoireasan curraicealaim, cion thidsearan àrd-sgoile, cuspairean cuingealaichte agus barail phàrant gu bheil cunnart ann a thaobh farsaingeachd a' churraicealaim a tha ri fhaotainn aig an ìre seo dhan chloinn aca.

Bhiodh campas sgoile Gàidhlig 3-18 agus ceumannan ionadail agus nàiseanta co-cheangailte ag amas air aghaidh a chur ri cuid de na dùbhlain seo agus chumadh seo suas àite Chomhairle na Gàidhealtachd mar an t-ùghdarras ionadail as adhartaiche ann an Alba a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig agus bhiodh seo cuideachd na dheagh eisimpleir eadar-nàiseanta a thaobh foghlam mhion-chànanan.

- 7.4 Fhuair Comhairle na Gàidhealtachd £4M ann an dà cheum bho Riaghaltas na h-Alba airson 'taic a thoirt seachad gus solar Sgoil Ghàidhlig ùr a libhrigeadh ann an Inbhir Nis'. Chaidh beachdachadh air a seo mar phàirt dhen ath-sgrùdadh a rinneadh air a' phrògram chalpa ann an 2018, ach cha deach maoinachadh calpa a bharrachd a chomharrachadh aig an àm sin agus bha tuilleadh obrach a dhìth gus roghainnean a mheasadh. Tha miann ann fhathast Campas 3–18 a stèidheachadh san àm ri teachd, agus math dh'fhaodte gum bi seo an crochadh air Riaghaltas na h-Alba a bhith a' toirt seachad maoinachadh a bharrachd.

Chaidh buidheann-obrach a stèidheachadh air an taobh a-staigh agus thèid co-chomhairle a chumail le pàrantan. Chaidh còmhraidhean a chumail roimhe le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a thaobh làrach freagarrach a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn aig campas an oilthighe agus thathar fhathast a' beachdachadh air a sin.


Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a riochdachadh air buidheann Chomann nam Pàrant Inbhir Nis le Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd airson dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ceangal suas le luchd-ùidhe.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 17/08/2022

Ùghdar: Lena Walker

LUCHD-IONNSACHAIDH ——— GAELIC LEARNERS



SQA ACHIEVEMENT DATA

GÀIDHLIG

FLUENT

**FIOSRACHADH
COILEANADH
SQA**

